

30 An Lùnastal 2016

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

**Bun-sgoil agus Clas-àraich Onthank / Onthank Primary School and Nursery
Class**
Comhairle Siorrachd Àir an Ear / East Ayrshire Council

O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh gu bheil fios agaibh, thadhail mo cho-obraichean agus mi fhèin air sgoil an leanaibh agaibh. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan agus ri cloinn agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Bha sinn airson faighinn a-mach dè cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' coileanadh agus dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt taic do chlann a bhith a' dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh. Chuala sinn bhon cheannard mu na nithean anns an robh an sgoil soirbheachail agus na prìomhachasan a thaobh leasachadh. Sheall sinn ri raointean sònraichte den obair san robh an sgoil an sàs o chionn ghoirid, a' gabhail a-steach slàinte agus sunnd agus dòighean ùra air a bhith a' teagasg leughadh. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach dè cho math 's a tha an sgoil a' dèanamh ann a bhith a' leasachadh foghlam chloinne.

Dè cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Thar na sgoile, tha a' chlann àir leth modhail, dòigheil agus moiteil mun sgoil agus mun choimhearsnachd aca. San sgoil mhòr, thrang seo tha a' chlann a' nochdadh cùram agus coibhneas do chach a chèile sa chlas agus san raon-cluiche. Tha a' chlann as sine a' toirt taic don chloinn as òige san sgoil mar phàirt den dreuchdan budaidh agus prefeact. Tha e follaiseach gu bheil an obair san robh an sgoil an sàs o chionn ghoirid a thaobh a bhith a' faighinn barantachadh mar Sgoil A' Toirt Spèis do Chòraichean a' toirt deagh bhuidh air càirdeasan taobh a-staigh na sgoile. Gus dèanamh cinnteach gum bi seo air a dheagh stèidheachadh tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach ceanglaichean a dhèanamh ris na còraichean cho mòr 's a ghabhas anns na leasain bho là gu là. Sa chlas-àraich, tha a' chlann dòigheil, stòlta agus gnìomhach nan cluiche tron mhòr chuid den t-seisean. San fharsaingeachd, tha iad a' dol an sàs gu misneachail agus gu dealasach ann an gnìomhan cluiche taobh a-staigh na sgoile agus san raon a-muigh. Feumaidh a' chlann a-nis barrachd chothroman gus a bhith a' bruidhinn mun ionnsachadh agus gus a bhith ga phlanadh le luchd-obrach. Bheir seo taic don chloinn a bhith a' leantainn air adhart len cluiche airson ùine nas fhaide. Tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach na cothroman a mheudachadh far an cluinn a' chlann a' Ghàidhlig air a bruidhinn nan gnìomhan cluiche saor. San fharsaingeachd, thar na sgoile tha a' chlann air am brosnachadh agus tha ùidh aca nan ionnsachadh. Aig amannan, cha robh a' chlann gnìomhach gu leòr nan ionnsachadh. Sna h-eisimpleirean as fheàrr, tha adhbhar nan leasan air a cho-roinn ris a' chloinn. Tha sinn air iarraidh gum biodh seo nas co-sheasmhaich thairis air na

clasaichean air fad. Ann am beagan chlasaichean, bhiodh a' chlann a' bruidhinn mu na targaidean ionnsachaidh pearsanta aca ann an deagh dhòigh. Chan eil seo fìor mun h-uile clas. Tha sinn air iarraidh air na tidsearan bruidhinn ris a' chloinn nas trice mun dòigh anns an urrainn dhaibh an ionnsachadh a leasachadh. Thar na sgoile, tha a' chlann a' dèanamh deagh fheum de na cothroman a bhios iad a' faighinn gus uallach a ghabhail leithid a bhith nam buill den Chomhairle Sgoileir, Comataidh Sàbhailteachd Rathaid na h-Òigridh agus Taoitearan Sgutair. Tha a' chlann air a bhith ag ionnsachadh mar a choimheadas iad às dèidh na h-àrainneachd tro bhith a' cosnadh trì brataichean uaine Eag-Sgoiltean Alba.

Sa chlas-àraich, tha a' chlann a' dèanamh adhartas riarachail ann an àireamhachd agus matamataig. Dh'fhaodadh an adhartas ann an litearras agus Gàidhlig a bhith tòrr na bu làidir. Tha a' mhòr chuid den chloinn ag èisteachd gu math agus gu misneachail a' co-roinn fèin-fhiosrachaidhean le clann eile agus le luchd-obrach. Tha beagan chloinne a' taghadh coimhead ri leabhraichean agus is urrainn dhaibh na sgeulachdan as fheàrr leotha ath-aithris. Tha a' chlann a' nochdadh deagh alt airson a bhith ag ionnsachadh briathrachas agus abairtean ùra. Feumar togail air seo gus dèanamh cinnteach gun dèan clann an t-adhartas as fheàrr a ghabhas ann an litearras agus Gàidhlig. Bidh clann a' cunntadh mar phàirt den cluiche agus den obair-ghnàthach. Chuir a' chlann an cèill an sgilean an uair a bha iad a' cunntadh agus a' clàradh an àireimh de phàrantan a thàinig chun tachartas gluasad air adhart aca. Tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach togail air cothroman mar seo gus dèanamh cinnteach gun dèan clann adhartas nas fheàrr ann an àireamhachd agus matamataig. San fharsaingeachd, sna clasaichean bun-sgoile tha a' chlann a' dèanamh deagh adhartas ann an litearras, Beurla, Gàidhlig, agus ann an àireamhachd agus matamataig. Sa mhòr chuid de chlasaichean tha a' chlann a' dol an sàs gu math ann an còmhradh ann am buidhnean. Mar phàirt de phròiseact gluasad bho P7/AS1 sgrìobh a' chlann air P7 fiosrachadh gu misneachail agus thaisbean iad fiosrachadh don co-aoisean mu dhùthchannan ceangailte ris na Geamannan Oilimpigeach, a' togail air cùisean daonnachdach agus euchdan einnsireachd co-cheangailte ris na dùthchannan. Thar na sgoile, tha a' chlann a' dol an sàs gu math ann an gnìomhan leughaidh. Tha fòcas làidir air a bhith aig a' cheannard agus aig an luchd-obrach air a bhith a' leasachadh mhodhan-obrach a thaobh a bhith a' teagasg leughadh, agus mar thoradh air seo tha clann a' dol an sàs nas fheàrr ann an gnìomhan leughaidh. Tha e na thoileachas dhuinn gu bheil luchd-obrach a' tòiseachadh a' planadh airson agus a' sgrìobhadh a' cleachdadh co-theacsaichean fìor. Mar eisimpleir, an dèidh a dhol air chuairt gu Pàirc Caisteal Deadhan, leugh a' chlann leabhraichean fiosrachaidh airson tuilleadh fhaighinn a-mach agus chomharraich iad nithean inntinneach airson an co-roinn le feadhainn eile. Sna chlasaichean tro Mheadhan na Gàidhlig tha a' chlann air leth deònach a' Ghàidhlig a bhruidhinn sa chlas agus taobh a-muigh a' chlas. Bidh iad ag èisteachd gu furachail agus a' cur gu math ris a' chòmhradh a bhios an tidsear a' stiùireadh, no an uair a bhios iad ag obair ann an càraidean no ann am buidhnean beaga. Thar na sgoile, tha a' chlann a' fàs misneachail ann a bhith a' cleachdadh an eanchainn airson ro-innleachdan matamataigeach. Is urrainn dhan mhòr chuid de chloinn raon de ro-innleachdan a chleachdadh gus ceistean fhuasgladh agus tha iad a' leasachadh an comas an smaointean a mhìneachadh. Aig na h-ìrean as àirde tha an luchd-obrach a' cleachdadh 'Òraidean Àireimh' gus eòlas agus comas na cloinne a leasachadh ann a bhith a' cleachdadh raon de ro-innleachdan gus duilgheadasan fhuasgladh agus tha seo mar-thà air comharran a nochdadh gu bheil deagh bhuaidh air a bhith aige.

Is urrainn dhan mhòr chuid den chloinn an ionnsachadh ann an àireamhachd agus matamataig a cho-chur ri co-theacsaichean fìor agus tha pròiseactan feumail leithid 'Seachdain Airgid' a' toirt deagh thaic dhan seo. Tha clann nas sine a' nochdadh tuigse earbsach mu iomadachadh, roinn agus bloighean, tomhasan agus cruth. Gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' dèanamh an adhartais as fheàrr a ghabhas ann an litearras agus Beurla, litearras agus Gàidhlig agus ann an àireamhachd agus matamataig tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlannan iomchaidh ron chloinn nan ionnsachadh. Tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach sgrùdadh a dhèanamh air dè cho tric 's a tha clann ag obair nan càraidean gus taic a thoirt do chach a chèile. Tha seo a' cur bacadh air cuid de chlann a bhith a' dèanamh adhartas nas sunndaich. Tha clann a' dèanamh deagh adhartas agus a' coileanadh gu math ann an eòlas corporra agus sa mhòr chuid de thaobhan de shlàinte agus sunnd. Is urrainn dhaibh bruidhinn le misneachd mu Chòraichean an Leanaibh agus mu mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte ann an grunnan shuidheachadh a' gabhail a-steach cleachdadh làraich air-loidhne agus meadhanan sòisealta.

Dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt taic do chloinn a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

Sa chlas-àraich, tha a' chlann sàbhailte agus air an deagh choimhead às an dèidh. Tha leasachaidhean a chaidh a dhèanamh o chionn ghorid ris an raon a-muigh a' toirt fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh nas buntainneach don chloinn. Tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach an seòmar-cluiche a leasachadh gus gnìomhan neo-cheangailte air an stiùireadh leis a' chlann a thabhann. Ged a bhios an luchd-obrach a' planadh beagan thachartasan gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, chan eil fhathast gu leòr chothroman aig a' chlann a bhith a' leasachadh an eòlais aca air a' Ghàidhlig. San fharsaingeachd, tha modhan-obrach na sgoile a thaobh a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan na cloinne air fad math. Sna leasain a b' fheàrr, bha na gnìomhan agus na goireasan air an deagh mhaidseadh ri feumalachdan na cloinne agus bha iad dùbhlannach gu leòr. Gus dèanamh cinnteach gun coilean a' chlann cho math 's a ghabhas tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach an ìre àrdachadh airson na cloinne as comasaich. Tha an sgoil a' leasachadh modhan-obrach gus sgrùdadh agus tracadh adhartas na cloinne. Cuidichidh seo le bhith a' comharrachadh clann a tha a' cur feum air taic no dùbhlannan len ionnsachadh. Tha taic do chlann a tha a' cur feum air taic a bharrachd len ionnsachadh na fheart làidir de dh'obair na sgoile. Tha seo air a stiùireadh gu sgileil le prìomh thidsear. Tha eòlas domhain aice air feumalachdan na cloinne thar na sgoile agus tha i a' cumail sùil air mar a tha an taic a' toirt buaidh air adhartas. Bidh an luchd-obrach a' co-obrachadh le com-pàirtichean agus buidhnean spèisealaichte gus ionnsachadh a phlanadh. Tha Sgioba Taic Siorrachd Àir an Ear (EAST) a' cluich dreuchd chudromach ann a bhith a' measadh agus a' toirt taic do chlann gus dèanamh cinnteach gun dèan iad an t-adhartas as fheàrr a ghabhas. Tha an luchd-obrach air fad air a bhith ag obair a dh'ionnsaigh barantachadh Sgoiltean Càirdeil do Dyslexia. Tha seo air an cuideachadh tuigse nas fheàrr fhaighinn air an dòigh is urrainn dhaibh am modh teagaisg atharrachadh gus coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha an luchd-obrach taic ag obair gu math còmhla ris na tidsearan sna clasaichean gus taic cuimsichte a thoirt do bhuidhnean agus do dhaoine fa leth. Tha cuideachd deagh eisimpleirean ann do luchd-taic a bhith a' cuideachadh le bhith a' leasachadh fileantas na cloinne sna Clasaichean Meadhan Gàidhlig.

Thathar a' cur fòcas làidir air a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan slàinte agus sunnd na cloinne air fad. Tha an àrd sgioba stiùiridh, còmhla ris an luchd-obrach dealasach mu bhith a' leasachadh builean dearbhte do chlann san raon seo.

Thar na sgoile, tha an luchd-obrach air ceumannan a ghabhail gus leasachadh mar a thèid an curraicealam a libhrigeadh. Sa chlas-àraich, tha an luchd-obrach mothachail air na prionnsabalan bogaidh agus feumar a-nis tuilleadh fèin-fhiosrachaidhean a tha beairteach a thaobh cànan a thabhann. Le bhith a' solair fèin-fhiosrachaidhean bogaidh làidir thèid coileanadh na cloinne sa chlas-àraich àrdachadh. Sna clasaichean Meadhan Gàidhlig sa bhun-sgoil, tha a' chlann a' faighinn buannachd bho churraicealam a tha stèidhichte air modhan-obrach leasaichte a thaobh a bhith a' togail na Gàidhlig. Thar na sgoile, tha an curraicealam stèidhichte air lèirsinn na sgoile a thaobh a bhith a' leasachadh miann adhartais sa chloinn gus an urrainn dhaibh an làn chomas a choileanadh. Tha an luchd-obrach ag aithneachadh an fheum a tha ann an curraicealam a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' togail air an ionnsachadh mar a bhios iad a' gluasad suas tron sgoil. Tha an sgoil air modhan-obrach ùra agus goireasan ùra a thoirt a-steach gus taic a thoirt ann a bhith a' leasachadh sgilean leughaidh na cloinne. Mar thoradh air sin tha a' chlann a' faighinn fèin-fhiosrachaidhean dearbhte. Tha sinn air iarraidh air luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachas air a thoirt do bhith a' leasachadh a' churraicealaim agus a bhith a' leasachadh ullachaidhean a taobh a bhith a' measadh adhartas na cloinne gus a' chlann a chuideachadh a bhith a' coileanadh aig ìre eadhoin nas àirde. Tha an sgoil a' dèanamh deagh fheum de chom-pàirtichean gus cur ri fèin-fhiosrachadh na cloinne mar eisimpleir, Cluba Ball-coise Chill Mheàrnaig a' libhrigeadh seiseanan ann am beathachadh agus spòrs. Tha a' chlann a' faighinn deagh thaic an uair a bhios iad a' tòiseachadh ann am prìomh 1 agus tha an luchd-obrach a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' togail air ionnsachadh na cloinne ann an dòigh iomchaidh. Tha com-pàirteachais làidir le luchd-obrach Àrd-sgoil James Hamilton agus Acadamaidh na Grainnse a' dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' gluasad air adhart gu soirbheachail gu AS1.

Dè cho math 's a tha an sgoil a' leasachadh càileachd a cuid obrach?

Tha an ceannard air a bhith na dreuchd o chionn dà bhliadhna. Tha i air deagh chàirdeasan a thogail le clann, luchd-obrach agus pàrantan, agus air àrainn ionnsachaidh nas deimhinneach a chruthachadh. Tha an luchd-obrach dèidheil a bhith a' toirt taic do leasachadh na sgoile le bhith a' gabhail thuca fhèin prìomh dhreuchdan ceannardais ann a bhith a' leasachadh iomadh taobh de dh'obair na sgoile. Tha e cudromach gum bi an ceannard agus an iar-cheannard a' cumail for-shealladh soilleir air an dòigh a tha na leasachaidhean ùra a' toirt buaidh air fèin-fhiosrachaidhean agus adhartas na cloinne. Feumaidh an sgoil a-nis togail air modhan ùra gus sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air obair na sgoile gus dèanamh cinnteach gu bheil fèin-fhiosrachaidhean agus adhartas na cloinne a' sìor leasachadh. Feumaidh leasachaidhean air a' churraicealam a thighinn air adhart aig astar nas luaithe. Thar na sgoile, feumaidh an luchd-obrach a bhith tòrr nas meòrachail mun gnìomhachadh fhèin agus a bhith nas soilleir mun dòigh san urrainn dhan sgoil a thighinn air adhart. Gus atharrachadh deimhinneach a chur an cèill, tha e cudromach gum bi clann, pàrantan agus com-pàirtichean a' dol an sàs nas motha ann an leasachadh na sgoile.

San fharsaingeachd, tha pàrantan toilichte leis an sgoil agus a' creidsinn gu bheil an sgoil a' cuideachadh an cloinne a bhith ag ionnsachadh. San sgrùdadh seo fhuair na prìomh neartan a leanas.

- Clann a tha modhail agus dìoghrasach aig a bheil uair san sgoil aca agus a tha a' cur gu brìghmhor rin coimhearsnachd.
- Mar a tha an ceannard agus an luchd-obrach air an àrainn ionnsachaidh a leasachadh.
- Dealas mu bhith ag àrdachadh slàinte agus sunnd na cloinne.
- Co-obrachadh làidir le raon de chom-pàirtichean gus taic luachmhor a thoirt do chlann.

Bhruidhinn sinn ris an luchd-obrach agus ri Comhairle Siorrachd Àir an Ear air na dòighean anns am faodadh iad leantainn orra a' leasachadh na sgoile agus an clas-àraich. Is iad seo na nithean ris an do dh'aontaich sinn:

- Leantainn air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas agus doimhneachd ann an ionnsachadh thar nan raointean cuspair air fad.
- Meudachadh astar agus dùbhlann an ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gum bi a chlann a' dèanamh an adhartais as fheàrr a ghabhas.
- Leasachadh modhan-obrach a thaobh bogadh san sgoil-àraich airson foghlam Meadhan Gàidhlig gus cuideachadh a bhith ag àrdachadh buileachadh.
- Leantainn air adhart a' leasachadh modhan-obrach na sgoile a thaobh fèin-mheasadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' leantainn air adhart gu cunbhalach gu leasachadh ann am fèin-fhiosrachaidhean agus buileachadh na cloinne.

Dè thachras aig deireadh an sgrùdaidh?

Mar thoradh air na fhuair sinn a-mach rè ar sgrùdaidh tha sinn dhan bheachd gu bheil feum aig an sgoil air ùine a bharrachd airson atharrachaidhean riatanach a dhèanamh. Bruidhnidh Prìomh Oifigear Roinneil Foghlam Alba ri Comhairle Siorrachd Àir an Ear mun dòigh as fheàrr taic a thoirt dhan sgoil gus tuilleadh comas airson leasachadh a thogail suas. Leanaidh e air adhart a' conaltradh gus sùil a chumail air adhartas. Iarraidh sinn air Comhairle Siorrachd Àir an Ear, a' co-obrachadh leis an sgoil, aithisg adhartais ullachadh taobh a-staigh dusan mìos agus thig sinn chun a' cho-dhùnaidh aig an ìre sin am bi feum air sgrùdadh eile. Thèid fios a thoirt do phàrantan mun cho-dhùnadh chun tig sinn.

Jackie Maley
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Gheibhear tuilleadh fianais mun sgrùdadh, leithid mion-fhiosrachadh mu na measaidhean air comharran càileachd airson na sgoile agaibh air làrach-lìn Foghlam Alba aig

<http://www.educationscotland.gov.uk/inspectionandreview/reports/school/primsec/OnthankPrimarySchoolEastAyrshire.asp>

Ma tha sibh airson na litreach seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-àrd.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, fònaibh thugainn air 0131 244 4330, no cuiribh post-dealain gu: complaints@educationscotland.gsi.gov.uk. no sgrìobhaibh thugainn chun an t-seòladh a leanas: Manaidsear Ghearain, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Lèibhinn EH54 6GA.